

Comataidh Inbhean MG ALBA

Crowne Plaza, Glaschu

Dimairt 13 Samhain 2018, 1300-1600

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Jo NicDhòmhnaill (*sa Chathair*) Calum MacFhearghais

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)

Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)

Bill MacLeod (*Deasaiche Coimiseanaidh*) - airson puing 6

Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail nòtaichean*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)

Michael Hines (*The Woven Thread*) – airson puing 9

1. Leisgeulan

Catriona Nic a' Phì, Iain Stephen Moireasdan.

Chaidh a chomharrachadh gu bheil Catriona a' leigeil dhith a dreuchd air a' bhòrd bho dheireadh na Samhna. Thug a' Chomataidh taing dhith airson a cuid obrach thairis nam bliadhnaichean agus ghuidh iad gach maith dhith san àm ri teachd.

Chaidh fàilte a chuir air Calum air ais gu coinneamhan an dèidh obair-lannsa.

2. Gnothach Dearbhte

Dh'innis Jo NicDhòmhnaill gu robh i gu bhith a' craoladh air Radio nan Gàidheal oidhche na Bliadhn' Ùire co-cheangailte ri prògraman cuimhneachaidh na h-Iolaire, maoinichte leis a' BhBC.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 5/9/18

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

A' toirt air adhart uallaichean na buidhne a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air còmhraidhean a bha aige le Comhairle nan Eilean Siar agus Bòrd na Gàidhlig. Ged is dòcha gun toireadh iomairtean fa leth ùine an toirt gu buil, bha a' Chomataidh toilichte le na h-iomairtean leantainneach. Chaidh aontachadh gu robh e na bu chudromaiche gu robh seo a' tachairt fhad 's a bhathas a' feitheamh ri na còmhraidhean tighinn gu buil.

LearnGaelic – chaidh daingneachadh a shireadh air a' cheist a bh' aig a' Chomataidh roimhe mu cheannardas air a' phròiseact. Chaidh innse gu robhas fhathast a' feitheamh fios às ùr air càite an robh Bòrd na Gàidhlig le bhith a' fastadh Manaidsear Ionnsachaidh agus càite an robh am BBC ann a bhith a' fastadh Leas-dheasaiche Ionnsachaidh. Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nan gabhadh ìmpidh a chuir air an dà bhuidheann (Gnìomh: DC). Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a tha e gu bheil cuideigin aig an stiùir aig a bheil ùidh ann am fòghlam agus dealas gus adhartas fhaicinn.

Trèanadh – chaidh innse gur e am prìomh rud a thàinig a-mach à còmhraidhean le na riochdairean gu robh gainnead luchd-gearraidh le Gàidhlig sa ghnìomhachas, suidheachadh a tha fìor air feadh a' ghnìomhachais air fad. Chaidh airgead a bharrachd a fhuair an-uiridh bho Riaghaltas na h-Alba a chuir gu ruige trèanadh luchd-gearraidh. Chaidh innse gun deach triùir tron thrèanadh 'multi-cam' agus gu robhas an dòchas dithis eile fhaighinn ro dheireadh na bliadhna ionmhais. Chaidh aontachadh gu robh e misneachail gu robhas a' cluinntinn gu robh sgilean cànan a-nis aig cridhe dòighean-obrach grunn chompanaidhean.

Chaidh innse a thuilleadh air Cuairt Coimiseanaidh Geamhraidh 2019 a bhiodh air fhoillseachadh air 14/11/18, gu robh cuairt coimiseanaidh às ùr ann - na meadhanan sòisealta: irisean goirid. Chaidh fàilte a chuir air an iomairt seo.

Chaidh aontachadh gu robh e adhbhar misneachd a bh' anns an dithis a fhuair sgoilearachd LearnGaelic ann an Geamaichean Reachdmhor agus Mas-fhìorachd air cùmhnanntan "internship" airson 11 mìosan.

5. Lèirmheas na ràithe mu dheireadh agus sùil air adhart

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais agus thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh orra.

BBC ALBA - chaidh deasbad a chumail air na h-àireamhan bho Q3. Chaidh a mhìneachadh gu bheil còrdadh air a dhol suas; gu bheil ruigse seachdaineil am measg aois 16-44 aig an ìre as àirde bho Q4 2017, air adhbharachadh gu mòr le prògraman leithid FUNC agus Bannan; ach gu bheil an ùine a tha coimhearsnachd na Gàidhlig a’ coimhead air an t-seanail air ìsleachadh gu mòr. Chaidh dìth phrògraman ùra a chomharrachadh a-rithist mar laigse. Bhathas misneachail ge-tà gu robhas a’ dèanamh nan rudan ceart gus buaidh a thoirt air na h-àireamhan, le cuideam dha chur air comadaidh agus dràma. Chaidh cudromachd ‘global views’ a chomharrachadh – gus am bi dealbh iomlan againn a thaobh àireamhan seanail, FB, twitter, Instagram agus msaa.

100 uairean a thìde bhon BhBC – ri linn gu robh am BBC air a ràdh nach eil seo comasach gun airgead bho MG ALBA, rud nach eil ann, thathas ag obair air slighean practaigeach fhaighinn airson gluasad air adhart, ag obair air modailean co-obrachaidh. Thathar a’ còmhradh ri Steve Carson agus tha dòchas ann gum bi co-obrachadh ann a thaobh prògraman ciùil agus tachartasan, gus faicinn an urrainn do ‘complementarity’ a bhith ann. Bidh na modailean co-obrachaidh seo a’ gabhail a-steach ro-innleachd ciùil, tachartasan, rugbaidh agus gu ìre prògraman aithriseach. Bithear a’ dèanamh cinnteach gu bheileas a’ gabhail beachd air BBC ALBA nuair a thathar a’ smaoinichadh air còraichean spòrs.

A’ dol air adhart, thathas a’ feitheamh fios bhon BhBC a thaobh a) maoinichadh an iomairt ionnsachaidh SpeakGaelic; b) dràma beò CBBC; c) cùisean làitheil; agus d) dràma dà-chànanach.

Na meadhanan didseatach - chaidh a chomharrachadh gu bheil àireamhan Facebook air a dhol an àrd gu mòr sa chairteal seo agus gu bheil a’ dol gu math le duilleag Instagram.

Lèirsinn 2021 – chaidh a chomharrachadh gu robh obair a’ leantainn le bhith ag eadar-nàiseanachadh ar roinn-solair, le làthaireachd aig coinneamhan Maoin Ceilteach Eadar-nàiseanta agus aig coinneamhan an EBU. Chaidh cudromachd brosnachadh UGC a chomharrachadh agus bidh obair a’ leantainn leis a’ chompanaidh a ghlèidh a’ chùmhnannt gus seo a leasachadh.

Chaidh fàilte a chuir air an iomairt Co-bhanntachd Uibhist. Ged a bha obair fhathast ri dhèanamh le sgoiltean agus pàrantan gus seo a thoirt gu buil, nam biodh e soirbheachail dh’fhaodte a sgaoileadh gu àiteachan eile.

Chaidh fàilte cuideachd a chuir air gu robh Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd agus Ceannard Seirbheis an dùil coinneachadh ri sgioba ùr an t-Sabhail Mhòir ann an co-theacsa Buidheann Comhairleachaidh Trèanaidh. Chaidh innse gu robhas a’ leudachadh ballrachd na buidhne gus cothrom compàirt a thoirt do chompanaidhean riochdachaidh eile.

6. Broadcast Content Fund & BFI Contestable Fund

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh dà thobar maoin ùr, is dealbhachadh air an dòigh as èifeachdaiche an cur gu feum do mhaith luchd-coimhid BBC ALBA: (i) Contestable Fund aig DCMS airson stuthan do dh’òigridh (tha cuibhreann dhen Contestable Fund air a shònrachadh airson stuthan ann an mion-chànain tùsanach na RA) agus (ii) Broadcast Content Fund aig Alba Chruthachail.

Contestable Fund

Chaidh fàilte a chur air an tobar airgid seo agus chaidh aontachadh gu robh e riatanach gun gabhadh sinn brath air an tobar ùr seo, ach cuideachd, gu feumte a bhith innleachdach a thaobh modailean, oir chan eil de dh’airgead aig MG ALBA airson mòran a chuir ris na bhios a dhith. Feumaidh modail sam bith brath a ghabhail air faothachadh chisean, agus tobraichean eile, leithid maoin Alba Chruthachail. Chaidh aontachadh gun tèid fios a chumail ris a’ Chomataidh agus thèid am fiosrachadh a chuirteachadh air companaidhean riochdachaidh a dh’aithghearr. (Gnìomh: IMT).

Broadcast Content Fund

’S e sgeama maoin aig Alba Chruthachail a tha seo agus tha £3m ann airson 2018/19. Tha dà shlighe ann: taic airson leasachadh (pròisect singilte no ‘slate’) agus taic airson riochdachadh.

’S e companaidhean a bhios a’ dèanamh tagradh. A thaobh maoin riochdachaidh, feumaidh ‘commitment or written indication of interest’ bho sgoileadair agus craoladair (broadcast commission or a source of 3rd party co-funding) a bhith aca. Thathas an-dràsta ann an conaltradh le Alba Chruthachail faic dè an dòigh as èifeachdaiche co-dhùnaidhean mu chuirtean coimiseanaidh airson BBC ALBA a cheangal ris a’ Bhroadcast Content Fund.

Cuideachd, thathas a' conaltradh ri Alba Chruthachail gus tuigse fhaighinn air an t-sealladh aca a thaobh an ceangal eadar na tobraichean acasan agus tobraichean eile, leithid an Contestable Fund m.e. nam biodh pròiseact ann ris am biodh Sgioba Phrògraman BBC ALBA a' cur taic airson an CF, dè na dòighean a bhiodh aig AC taic a chur ris an sin.

Thèid fios a chuirteachadh air na companaidhean riochdachaidh (Gnìomh: MM) agus thèid a h-uile oidhirp a dhèanamh maith fhaighinn a-mach às an tobar seo. (Gnìomh: IMT)

7. Lèirmheas air Dràma

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh far a bheilear an-dràsta le cùisean dràma agus thug buill fa-near.

Chaidh innse gu robh an sgrìoba phrògraman an dùil coinneachadh tràth an ath-bhliadhna gus an t-slighe air adhart le dràma a dheasbad, a' coimhead ri modailean riochdachaidh a dh'fhaodadh luach an airgid a thoirt seachad. Thèid fios a chumail ris a' Chomataidh. (Gnìomh: IMT)

8. Measadh air luach is èifeachd oidhirpean sanasachd

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh sanasachd na seanail far an sgrìon agus ghabh buill fa-near.

Am measg nithean air an deach bruidhinn bha aithneachadh ann gu robh fhathast cothroman ann an companaidh PR an tuilleadh obrach a dhèanamh leis an Aonad Dhidseatach. Feumar dèanamh cinnteach gu bheileas a' faighinn a' mhaith as fheàrr bho rudan a tha air an ainmeachadh m.e. san Irish Times no Farmers Weekly agus a bhith a' dèanamh sanasachd air an seo.

Chaidh iomradh a thoirt air Cupa Cruinne nam Ban agus na bhiodh a' dol timcheall air an sin. Nithear cinnteach gum bi BBC ALBA mar phàirt den a h-uile còmhradh a tha a' dol leis an tùrnament seo air gach ùrlar agus gum bi ceangal ri na branndan mòra a tha co-cheangailte ris.

9. Lèirmheas air Comadaidh

Bha Michael Hines bho The Woven Thread an làthair agus thug e seachad taisbeanadh air ciamar a tha, m.e. sgeidse ga h-ullachadh airson FUNC agus chaidh còmhradh nas fharsaing a

chumail mun t-sreath. Chomharraich Michael cho cudromach 's a tha e tàlant sgrìobhaidh a bhrosnachadh. Chaidh taing a thoirt dha airson a bhith an làthair.

10. Aithisgean Dèanadais Q2 2018/18

Pasgan Air-loidhne – chaidh seo a chomharrachadh.

11. GISBE

Chaidh a chomharrachadh gu robh Cathraiche ùr air ainmeachadh.

Chaidh a chomharrachadh gun deigheadh coinneamh bùird a ghairm air 10/1/19 gus Plana Obrachaidh 2019/20 a dheasbad.

Dh'innis Cathraiche na Comataidh gu robh i a' coinneachadh ri Miren Manias bho dhùthaich nam Basgach a tha a' dèanamh rannsachadh mu sheirbheisean telebhisean ann am mion-chànain.

- 12.** Deit na h-ath choinneimh – Dheigheadh clàr choinneamhan 2019 air beulaibh a' bhùird air 29/11/18 airson aonta ach, ann am prionnsabal, bhiodh a' Chomataidh a' coinneachadh air 11/2/19 ann an Glaschu.

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: